

An t-àm airson atharrachadh

A' lughdachadh siognailean alairm nach eilear ag iarraidh

Co-chomhairle air roghainnean airson a bhith a' freagairt air alarman teine fèin-obrachail

CLÀR-INNSE

Ro-ràdh

1. An t-argamaid airson atharrachadh
 - 1.1 Dleastanas laghail
 - 1.2 A' bhuidh aig UFAS
 - 1.3 Targaid air a shuidheachadh gus UFAS a lùghdachadh
 - 1.4 A' bhuidh aig COVID-19
 - 1.2 Buannachdan bho bhith a' lùghdachadh UFAS

2. A' cruthachadh nan roghainnean
 - 2.1 Lèirmheas air UFAS
 - 2.2 Lèirsinn fhad-ùine
 - 2.3 Measadh air roghainnean - far a bheil sinn
 - 2.4 Anailis bhuanachdan is riosgan airson gach roghainn

3. Dè do bheachd?

RO-RÀDH

Gach bliadhna, bidh Seirbheis Smàlaidh agus Teasairginn na h-Alba (SFRS) a' freagairt gu cuibheasach air 28,479 siognailean alairm nach eilear ag iarraidh (*Unwanted Fire Alarm Signals* - UFAS) a tha air an adhbharachadh le alarman teine fèin-obrachail (*automatic fire alarms* - AFAn) san àite-obrach.

Tha na siostaman sin air an dealbhadh gus rabhadh tràth a thoirt seachad gu bheil teine ann agus gu beathannan a shàbhaladh ach san àite-obrach tha 97% de na gairmean a gheibh sinn nan alarman fallsa. Tha an seòrsa seo de dh'alarm fallsa (UFAS) air adhbharachadh gu tric le factaran leithid smùid bho chòcaireachd, duslach agus dìth càradh is cumail suas.

Tha UFASan a' dèanamh suas 31% de na tachartasan a bhios sinn a' frithealadh agus bidh sinn a' cur a-mach dà einnsean smàlaidh gu cuibheasach gu gach UFAS.

Tha seo a' ciallachadh gu bheil sinn a' dèanamh mu 57,000 tursan solas gorm gach bliadhna air nach eil feum.

Tha sinn den bheachd gum b' urrainn dhuinn barrachd a dhèanamh gus muinntir na h-Alba a chumail sàbhailte nan atharraicheamaid mar a tha sinn a' làimhseachadh AFAn.

Cha toir atharrachadh sam bith a nì sinn buaidh sam bith air mar a fhreagras sinn air gairmean bho AFAn far a bheil teine ann an da-rìreabh. Ma thèid daingneachadh gu bheil teine ann, freagraidh sinn mar a dhèanamaid airson suidheachadh èiginn sam bith.

Cuideachd, cha toir atharrachadh sam bith a nithear buaidh air mar a bhios sinn a' freagairt air alarman ann an dachaighean prìobhaideach – tha sinn dìreach a' dèanamh lèirmheas air mar a bhios sinn a' freagairt alarman fallsa ann an àiteachan-obrach aig a bheil dleastanasan sàbhailteachd teine fo Achd Teine (Alba) 2005.

Tha sinn air rùnachadh an duilgheadas seo fhuasgladh ann an com-pàirteachas leis na prìomh chom-pàirtichean againn, le luchd-ùidh agus le muinntir na h-Alba - agus 's e seo as adhbhar gu bheil sinn a' cumail na co-chomhairle 12 sheachdain seo.

Tha an sgrìobhainn seo a' mìneachadh carson a dh'fheumas sinn an fhreagairt againn do AFAn atharrachadh, na roghainnean a dh'fhaodadh a bhith ann gus seo a dhèanamh, am pròiseas a bhios againn gus atharrachadh sam bith a dhèanamh agus mar as urrainn dhut buaidh a thoirt air a' chodhùnadh seo.

Tha do bheachdan ro-chudromach dhuinn, agus tha sinn airson 's gun lìon thu an suirbhidh againn air Taobh-duilleig 20 gus ar cuideachadh gus an roghainn as fheàrr a chomharrachadh. Tha ochd ceistean ann uile gu lèir agus cha toir e ach còig mionaidean gus an suirbhidh a lìonadh. Is urrainn dhut an suirbhidh lìonnte a chur thugainn aig an t-seòladh Freepost no faodaidh tu an suirbhidh air-loidhne againn a lìonadh.

'S e dìreach aon dòigh anns a bheil sinn a' dèanamh conaltradh leis an fheadhainn aig a bheil ùidh a th' anns an t-suirbhidh seo.

Tha sinn a' com-pàirteachadh leis an luchd-obrach againn, le ùghdarrasan Ionadail, bùird-slàinte, luchd-dleastanais (*duty holders*) agus eile air an toir seo buaidh dhìreach.

Ma tha thu airson bruidhinn ruinn air mar a dh'fhaodadh seo buaidh a thoirt ort, cuir fios thugainn air: SFRS.UFASConsultation@firescotland.gov.uk.

Dè an t-eadar-dhealachadh eadar AFA agus UFAS?

'S e a th' ann an AFA (alarm teine fèin-obrachail) ach siostam a bheir rabhadh do dhaoine mu theine a dh'fhaodadh a bhith ann tro dhòighean fèin-obrachail no làimhe. Tha seo gu math eadar-dhealaichte ri UFAS. Tha siognail alairm nach eilear ag iarraidh (UFAS) na alarm fallsa mar thoradh air alarm teine a' dol dheth gu fèin-obrachail a bhios an t-seirbheis smàlaidh a' freagairt.

1. An t-argamaid airson atharrachadh

Tha na figearan againn a' sealltainn gu bheil an àireamh de UFAS ann an Alba air a bhith a' dol am meud bho 2013/14.

Chaidh seo adhbharachadh le diofar fhactaran, mar eisimpleir, àireamh nan siostaman AFA a' dol am meud ann an toglaichean ùra agus cruthachadh an SFRS ann an 2013, a chunbhalaidh an fhreagairt air feadh na dùthcha.

Tha a bhith a' dol gu cha mhòr 30,000 UFAS gach bliadhna a' toirt buaidh mhòr air na stòrasan againn agus ag adhbharachadh troimh-a-chèile nach beag do ghnìomhachasan, ospadalan agus ionadan slàinte, sgoiltean agus oilthighean.

Bha aig cha mhòr a h-uile duine ri feitheamh taobh a-muigh togalach fad ùine mhòr fhad 's a tha luchd-smàlaidh a' dearbhadh nach eil teine ann.

Chan eil e na iongnadh gum bi daoine a' fàs coma - "och, chan eil ann ach alarm fallsa eile" - agus nach bi luchd-obrach cho deònach a bhith a' freagairt gu luath nuair a bhios alarm a' dol dheth.

Cha robh ach dà sa cheud de na AFAn a fhuair an SFRS nan teintean dearbhte, is cha robh againn ri rud sam bith a dhèanamh airson cha mhòr dà-thrian dhiubh sin, i.e. bha iad mùchte nuair a nochd sinn.

Gu h-iomlan, cha deach mòran millidh a dhèanamh air togalaichean le teine, agus cha deach milleadh togalaich sam bith a chlàradh ann an còrr is leth de na togalaichean far an deach AFAn a dhearbhadh mar fhìor theintean.

Tha seo a' dearbhadh cho àrd sa tha na h-ìrean sàbhailteachd teine a dh'fheumas a bhith aig luchd-dleistanais fo Achd Teine (Alba) 2005, agus na h-ìrean àrda de shàbhailteachd teine a chì sinn agus sinn a' dèanamh sgrùdadh air toglaichean.

A chionn 's gum bi sinn a' dèiligeadh ri gach gairm bho AFA mar gun robh e na shuidheachadh èiginn an da-rìribh, mar as trice, bidh sinn a' freagairt ann an dòigh "solas gorm". Tha na seòrsaichean turais seo nas cunnartaiche do na smàladairean againn agus dhan phoball.

Is urrainn tubaistean a bhith ann le einnseanan smàlaidh a tha a' freagairt ghairmean fallsa - agus bidh seo a' tachairt uaireannan. Gabhaidh adhbhar agus buaidh nan tubaistean agus nan leòntan mì-fhortanach seo a sheachnadh agus tha sinn airson na tursan solas gorm neo-riatanach a tha air adhbharachadh le UFAS a ghearradh.

1.1 Dleastanas laghail

An robh fhios agad nach eil dleastanas laghail oirnn a bhith a' frithealadh gnìomhachas no àite-obrach nuair a bhios alarm fèin-obrachail a' dol dheth?

Tha an dleastanas air an neach-dleistanais (*duty holder*) a tha an urra ri sàbhailteachd teine san togalach. Bu chòir dhaibh dèanamh cinnteach gun tèid na daoine a chur a-mach às an togalach gu sàbhailte, adhbhar an alairm a sgrùdadh, agus an uair sin fios a chur thugainn ma lorgas iad teine.

Feumaidh a' mhòr-chuid de sheirbheisean smàlaidh is teasairginn san RA dearbhadh fhaighinn gu bheil teine ann mus cuir iad einnsean smàlaidh ann.

1.2 A' bhuidh aig UFAS

Bidh naoinear smàladairean agus dà einnsean smàlaidh a dhìth airson gach UFAS . Gu cuibheasach, bheir e 15 mionaid bhon einnsean smàlaidh a bhith a' fàgail an stèisein gus an tèid adhbhar an alairm aithneachadh, ach ann an da-rìribh bidh dèiligeadh ris na gairmean sin gu tric a' toirt an dà uiread cho fada sin.

Mar sin, thèid 64,000 uairean obrach a chall gach bliadhna a' freagairt UFAS. Gus seo a chur ann an co-theacs, seo cosgais co-ionann ri £3.5m ('s e cosgais cothrom no *opportunity cost* a chanas sinn ri seo).

Bidh an call tarbhachd seo ag adhbhrachadh troimh-a-chèile nach beag dhan obair trèanaidh, sàbhailteachd teine agus sàbhailteachd coimhearsnachd againn agus, nas cudromaiche, fhad 's a tha smàladairean a' sgrùdadh adhbhar an alairm, chan urrainn dhaibh a bhith an làthair aig suidheachaidhean far a bheil fìor èiginn ann.

Cuideachd, bidh frithealadh tachartasan UFAS a' cruthachadh an dà chuid cosgaisean ionmhasail mar eisimpleir, cosgaisean connaidh, caitheamh air carbadan agus pàighidhean do luchd-obrach a chaidh a ghairm a-mach. Fon dleastanas luach as fheàrr oirnn, tha sinn cunntachail dhan t-sluagh airson gach not a chosgais sinn. Mar sin, feumaidh sinn coimhead air gach cothrom gus fàs nas èifeachdaiche agus sinn a' dèiligeadh ri UFAS.

1.3 Targaid air a shuidheachadh gus UFAS a lùghdachadh

Dh'iarr Riaghaltas na h-Alba oirnn UFAS a lùghdachadh agus shuidhich sinn targaid gus na tachartasan seo a lùghdachadh le 15% eadar 2017 agus 2020. Cha robh e comasach dhuinn an targaid seo a choileanadh tron mhodail freagairt làithreach againn.

Gu dearbha, eadar an Giblean 2017 agus deireadh a' Mhàirt 2020, chaidh UFAS an àirde 3% air feadh na h-Alba. Seo a dh'aindeoin oidhirpean na Seirbhis agus nan com-pàirtichean againn gus an lùghdachadh.

Tha sinn cuideachd air targaidean dùbhlach a shuidheachadh gus taic a chumail ri amas Riaghaltas na h-Alba gus Cothromachadh Carboin a ruigsinn ro 2045.

Le bhith a' dèanamh mu 57,000 turasan solas gorm nach eil a dhìth gach bliadhna, air an adhbharachadh le UFAS, tha sinn a' dèanamh mu 575 tunnaichean de dh'eimiseanan carbon gach bliadhna. Seo an ìre de charbon a bhiodh a dhìth gus 230 dachaigh a theasachadh gach bliadhna.

Le bhith a' lùghdachadh àireamh nan UFAS agus tursan solas gorm air nach eil feum, cuidichidh sinn sinn gus fàs nas seasmhaich gu h-àrainneachdail mar bhuidhinn.

1.4. Buidh COVID-19

Coltach ris a h-uile buidheann eile, bha againn ris na cleachdaidhean againn atharrachadh gus dèanamh cinnteach gum b' urrainn dhuinn na bun-sheirbheisean againn a chumail a' dol agus gus ar luchd-obrach agus coimhearsnachdan a chumail sàbhailte cho math ri bhith a' dìon an NHS.

Am measg nan atharrachaidhean a rinn sin, dh'atharraich sinn an fhreagairt againn do AFAn, gus an cunnart bhon chorònabhiaras do na smàladairean againn agus dhan phoball a lùghdachadh.

Bhon Chèitean 2020, thòisich sinn air aon einnsean smàlaidh a chur gu AFAn aig seòrsaichean togalaich sònraichte. Lùghdaich seo tursan solas gorm le 21% gu cuibheasach.

Gu ruige 30 Giblean 2021, tha sinn air tursan solas gorm a lùghdachadh le 10,409 agus mar sin bha 40,000 tursan nas lugha ann nuair a bha cunnart ann gum biodh luchd-smàlaidh a' tighinn faisg air a' bhìoras. Tha na figearan seo stèidhichte air a' chriutha as lugha de cheathrar a' freagairt ann an einnsean smàlaidh.

Rinn sinn ath-sgrùdadh air buaidh iomlan na freagairt eadar-amail seo tron Fhaoilleach 2021 agus cha robh fianais sam bith ann gun robh droch bhuidh sam bith aig a' phoileasaidh seo.

Gu dearbha, fhuair sinn a-mach gun robh 14 nas lugha de thubaistean co-cheangailte ri bhith a' freagairt air alarman fallsa: lùghdachadh de 29% agus deagh adhartas ann a bhith a' lughdachadh cunnart air an rathad air adhbharachadh le tursan solas gorm. Chithear toraidhean uile an lèirmheis seo air an làraich-lìn againn.

Dh'iarr sinn beachdan bho luchd-obrach mun fhreagairt eadar-amail againn a bhith a' cur a-mach aon einnsean smàlaidh do AFAn. Bha còrr is an dàrna leth de na 318 freagairtean a fhuaradh bho luchd-obrach a' cumail taic ri freagairt eadar-amail COVID-19. Chleachd sinn na beachdan a fhuair sinn bhuapa gus na roghainnean air a bheil sinn a' co-chomhairleachadh fhiosrachadh.

1.5 Buannachdan bho bhith a' lùghdachadh UFAS

Àrdachadh Sgilean agus trèanadh

Le bhith a' lùghdachadh gnìomhachd neo-riatanach, faodaidh an luchd-smàlaidh againn fòcas a chur air a bhith a' togail agus a' cumail suas an cuid sgilean gus dèiligeadh ris na h-iarrtasan agus na riosgan ùra a tha mu choinneamh muinntir is coimhearsnachdan na h-Alba.

Bidh sinn a' dèiligeadh ri iomadh seòrsa cùis èiginn a' gabhail a-steach tubaistean rathaid, teasairginn ròpa, teasairginn uisge, stuthan cunnartach, togalaichean a' tuiteam agus tuiltean, a bharrachd air a bhith a' cuideachadh nam buidhnean com-pàirteachais againn gus na coimhearsnachdan againn a chumail sàbhailte.

Tha na smàladairean againn am measg an fheadhainn leis an uidheamachd agus an trèanadh as fheàrr san t-saoghal. Seo prògram leasachadh leantainneach agus tha àrdachadh sgilean a dhìth gus an ìre èifeachdais againn a chumail ann an raointean gu math teicnigeach, mar eisimpleir, teasairginn uisge agus ròpa.

Le bhith a' lùghdachadh na tìde a bheir sinn seachad air gairmean UFAS, is urrainn dhuinn barrachd tìde a thoirt seachad air trèanadh is leasachadh do na smàladairean againn ann an raointean nas teicnigich.

Barrachd obair ro-chasgach

Is e an dòigh as fheàrr gus dèiligeadh ri suidheachadh èiginn a bhith a' dèanamh cinnteach nach tachair e sa chiad dol a-mach agus tha an obair a' tòiseachadh greis mhòr mus tèid gairm 999 sam bith a dhèanamh. Bidh sinn ag obair leis na prìomh chom-pàirtichean againn air feadh na h-Alba gus teachdaireachdan sàbhailteachd teine ro-chudromach a thoirt seachad agus gus coimhearsnachdan nas sàbhailte a chruthachadh.

Le bhith ag obair còmhla airson Alba nas sàbhailte, is urrainn dhuinn àireamh nan teintean a lùghdachadh agus fhathast a bhith a' cluich pàirt chudromach ann a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil muinntir na h-Alba gu slàn sunndach.

Is urrainn dhuinn barrachd de seo a dhèanamh, leis an tìde a shàbhaileamaid tro nas lugha de ghairmean UFAS. Bhiodh seo a' gabhail a-steach barrachd tìde a bhith ag obair le luchd-dleastanas air ceuman gus dèanamh cinnteach nach tachair AFAn sa chiad dol a-mach.

Buaidh nas lugha air ar prìomh luchd-obrach

Tha mun dàrna leth de na smàladairean againn nan Luchd-obrach Glèidhte agus Saor-thoileach (*Retained and Volunteer Duty Staff* - RVDS). Tha seo a' ciallachadh gu bheil obraichean làn-ùine aca ag obair sna coimhearsnachdan iomallach againn agus gun tèid am pèidseadh nuair a dh'fheumas iad suidheachadh èiginneach a fhrithealadh.

Dh'fhaodadh seo tachairt nuair a tha iad aig an obair, a' ciallachadh gum feum am prìomh neach-fastaidh aig RVDS an saoradh gach turas a bhios iad a' freagairt AFA a tha gu tric na UFAS.

Tha na RVDS againn ro-chudromach ann a bhith a' cumail nan coimhearsnachdan againn sàbhailte agus feumaidh sinn dèanamh cinnteach gur e obair tharraingeach a th' ann a bhios a' lùghdachadh troimh-a-chèile neo-riatanach do na smàladairean againn agus do na prìomh luchd-fastaidh aca.

Le bhith a' lùghdachadh na h-ùine a bhios iad a' cur seachad air gairmean UFAS, is urrainn dhuinn piseach a thoirt air a' chothromachadh beatha/obrach aca, a bhith a' cur ris an obair a nì iad dhuinn sna coimhearsnachdan againn, agus a' lùghdachadh na buaidh air a' phrìomh luchd-fastaidh aca.

A' cur ri sàbhailteachd

Tron ath-sgrùdadh air an freagairt eadar-amail COVID-19 againn a thaobh AFAn, tha sinn air sealltainn le bhith ag atharrachadh na freagairt againn agus a' lùghdachadh tursan solas gorm, gun urrainn dhuinn fìor phiseach a thoirt air sàbhailteachd smàladairean agus sàbhailteachd phoblach gun a bhith a' toirt buaidh air comas na Seirbhis freagairt èifeachdach a bhith ann ri AFAn.

'S e sàbhailteachd nan smàladairean agus a' phobaill na fìor phrìomhachasan againn. Le bhith a' lùghdachadh tursan solas gorm mì-riatanach, bidh lùghdachadh nach beag air cunnartan rathaid do smàladairean, luchd-cleachdaidh an rathaid agus luchd-coiseachd. A bharrachd air seo, cuidichidh e gus a' bhuaidh àrainneachdail aig na carbadan againn a lùghdachadh.

Nas sùbailte agus nas fhoghaintich

Mar thoradh air a' ghalar lèir-sgaoilte, bha againn ri coimhead air diofar dhòighean gus an t-seirbheis againn a lìbhrigeadh gus muinntir na h-Alba a chumail sàbhailte tron t-suidheachadh èiginn.

Bha e na dheuchainn air na planaichean leantainneachd gnìomhachais againn agus tha e air sealltainn gu bheil feum aig a h-uile buidheann, ge b' e cho mòr no cho beag 's a tha iad, a bhith comasach air faighinn seachad air aimhreit mhòr ris nach robh dùil.

Tha sinn air ionnsachadh gun robh buannachdan ann bho bhith a' toirt a-steach freagairt eadar-amail COVID-19 do AFAn.

Thug an fhreagairt eadar-amail seo, a gheàrr sìos tursan solas gorm, a lùghdaich cunnart agus a lùghdaich troimh-a-chèile cothrom dhuinn a bhith ag atharrachadh nas luaithe agus nas soirbheachaile mar fhreagairt air dùbhlain a' ghalair lèir-sgaoilte.

Le bhith a' lughdachadh tursan solas gorm neo-riatanach air adhbharachadh le UFAS, bidh modail freagairt nas sùbailte agus nas seasmhaiche aig an t-Seirbheis a bhios comasach air dèiligeadh ri iarrtasan agus mì-chinnt san àm ri teachd.

Piseach air tarbhachd gnothachais

Bidh gach AFA a dh'adhbharaicheas alarm fallsa, agus mar sin UFAS, a' cruthachadh troimh-a-chèile a ghabhadh seachnadh. Chan ann a-mhàin do SFRS ach cuideachd do ghnìomhachasan agus do na com-pàirtichean againn.

Bidh saothrachadh agus malairt cailte a' toirt buaidh air prothaid agus a' briseadh a-steach air seirbheisean riatanach, cùram slàinte mar eisimpleir, a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air làimhseachadh euslaintich.

Thathar an dùil gun dèan luchd-dleastanais aithris air teintean a-mhàin agus chan ann air alarman fallsa, gus an urrainn do luchd-obrach agus custamairean a dhol a-steach dhan togalach nuair a tha e sàbhailte sin a dhèanamh.

Tha seo a' seachnadh suidheachadh far a bheil aig gnìomhachasan agus sheirbheisean ri bhith a' feitheamh gun adhbhar gus an tig sinn airson dearbhadh nach eil teine ann agus gus leigeil leis na h-obraichean gnìomhachais aca ath-thòiseachadh leis an troimhe-chèile as lugha.

2. A' cruthachadh nan roghainnean

2.1 Lèirmheas UFAS

Chan e dùbhlain ùr dhan SRFS a th' ann an UFAS. Anns a' Mhàrt 2020 dh'aithris sinn air na toraidhean agus molaidhean aig Ath-sgrùdadh gus faighinn a-mach carson nach b' urrainn dhuinn an àireamh de thachartasan UFAS a lùghdachadh air feadh na h-Alba.

Chomharraich an lèirmheas cothroman airson com-pàirteachadh leis a' phrìomh luchd-ùidh againn agus gus piseach a thoirt air trèanadh nan smàladairean. B' e na molaidhean as susbaintiche anns an ath-sgrùdadh a bhith a' dèiligeadh ris na dùbhlain fhad-ùine an lùib barrachd UFAS.

Tha seo air toirt oirnn gluasad air adhart le molaidhean Ath-sgrùdadh UFAS tro bhith a' toirt prìomhachas do mheasadh air na roghainnean airson freagairt ri AFAn.

2.2 Lèirsinn fhad-ùine

Tha sinn air a bhith a' bruidhinn ri luchd-obrach agus coimhearsnachdan mus mar as urrainn dhan SRFS atharrachadh gus na feumalachdan caochlaideach ann an Alba a choileanadh, gu sònraichte a thaobh dùbhlain a tha air an cruthachadh le atharrachadh na gnàth-shìde, cunnart nas motha bho cheannairc agus sluaigh a tha a' fàs nas sine.

Gus na feumalachdan seo a choileanadh, feumaidh sinn comas-lìbhrigidh nas motha a chruthachadh. Nuair a dh'iarraas sinn beachdan an luchd-obrach againn air mar a nithear seo, is e a' chiad fhreagairt a bhios daonna aca a bhith a' lùghdachadh na freagairt againn do UFAS.

2.3 A' measadh nan roghainnean

Far a bheil sin

Tha a' cho-chomhairle seo mu bhith a' co-dhùnadh dè an fhreagairt as fheàrr do AFAn, gus an t-uallach a chuireas UFAS air an t-Seirbheis agus air com-pàirtichean a lùghdachadh.

Tha an obair a rinn sinn gu ruige seo leis an luchd-obrach agus luchd-ùidh againn a' sgrùdadh nan diofar roghainnean air a bhith ro-chudromach agus tha e air buaidh a thoirt air na roghainnean air a bheil sinn a' co-chomhairleachadh.

Chan eil roghainn as fheàrr leinn.

Lìbhrigidh gach roghainn air a bheil sinn a' dèanamh cho-chomhairle lùghdachadh susbainteach ann an UFAS. Feumar beachdachadh air na buannachdan ceangailte cho math ris na riosgan a dh'fhaodadh a bhith ann agus na lasachaidhean a bhiodh a dhìth gus dèiligeadh riutha.

Tha an t-Seirbheis a-nis aig ìre 5 den phròiseas agus tha na h-ìrean gu ruige seo (faic an diagram) mar bhun-stèidh dhan cho-chomhairle phoblaich.

Fiosrachaidh toraidhean na co-chomhairle seo an t-adhbhar gnothachais deireannach gus an urrainn do Bhòrd SRFS co-dhùnadh a dhèanamh air an roghainn as fheàrr leotha ro dheireadh 2021.

PRÌOMH ÌREAN

1 A' mineachadh nan roghainnean anns a' mheasadh roghainnean

- 2 A' mìneachadh nan roghainnean
- 3 A' measadh agus a' sgrùdadh nan roghainnean
- 4 A' rangachadh nan roghainnean
- 5 A' dèanamh co-chomhairle phoblach
- 6 Ag aithris air na toraidhean agus ag aontachadh na roghainn as fheàrr leinn
- 7 Cuir an roghainn as fheàrr leinn an gnìomh

Ciamar a ràinig sinn seo - an liosta fhada

Sa chiad dol a-mach, chomharraich sinn 15 roghainnean a dh'fhaodadh a bhith ann gus freagairt air AFAn. Agus sinn a' comharrachadh nan roghainnean seo, bheachdaich sinn air na dòighean-obrach a th' aig seirbheisean Smàlaidh is Teasairginn eile san RA.

Na dèan dad (Bun-loidhne gus coimeas a dhèanamh)

01 - Am freagairt againn ro-COVID 19 - Bidh luchd-obrach Stiùireadh-obrachaidhean (OC) a' dèanamh ceasnachadh gairm air gach AFA bho thogalaichean neo-dhachaigheil agus a' freagairt le frithealadh ro-shuidhichte (PDA) de aon einnsean smàlaidh air a' char as lugha. Tha eisgeachdan an sàs airson toglaichean le àrd-ìre de riosg agus airson gairmean a tha a' tighinn bho Ionadan Sgrùdaidh nan Alarm (*Alarm Receiving Centres - ARC*).

Freagairt sa bhad

02 - le làn PDA a' dol dhan togalach

03 - Le PDA de aon einnsean smàlaidh Le PDA de dhà einnsean smàlaidh

04 - Freagairt COVID-19 - PDA de aon einnsean smàlaidh le eisgeachd an sàs airson toglaichean le ìre riosg àird

06 - Carbadan gnìomhachais

07 - tha am PDA a rèir ìre cunnart an t-seòrsa togalaich (m.e. bidh aon einnsean smàlaidh a' dol gu togalach coimeirsealta ach bidh dà einnsean smàlaidh a' dol gu àite neo-dachaigheil le cunnart cadail)

08 - Tha PDA a rèir an àm den latha

09 - Tha PDA a rèir an àm den latha agus seòrsa togalaich

Ceasnachadh gairm air a dhèanamh le Stiùireadh-obraichean (OC)

10 -

- A h-uile gairm AFA bho thogalaichean neo-dachaigheil
- Far a bheil smàladairean fhathast gu bhith a' dol ann às dèidh ceasnachadh gairm, no far a bheil an t-seòrsa togalaich air a shaoradh bho cheasnachadh gairm
- PDA de aon einnsean smàlaidh aig àm sam bith den latha

11

- A h-uile gairm AFA bho thogalaichean neo-dachaigheil

- Far a bheil smàladairean fhathast gu bhith a’ dol ann às dèidh ceasnachadh gairm, no far a bheil an t-seòrsa togalaich air a shaoradh bho cheasnachadh gairm
- PDA de dhà einnsean smàlaidh aig àm sam bith den latha

12 -

- A h-uile gairm AFA bho thogalaichean neo-dachaigheil
- Far a bheil smàladairean fhathast gu bhith a’ dol ann às dèidh ceasnachadh gairm, no far a bheil an t-seòrsa togalaich air a shaoradh bho cheasnachadh gairm
- Tha PDA a rèir an àm den latha agus seòrsa togalaich

13 -

- A h-uile gairm AFA bho thogalaichean neo-dachaigheil
- Far a bheil smàladairean fhathast gu bhith a’ dol ann às dèidh ceasnachadh gairm
- Chan eil eisgeachd sam bith ann bho cheasnachadh gairm.
- Tha PDA a rèir an àm den latha agus seòrsa togalaich

Gun a bhith a’ dol ann

14 -

- A h-uile AFA bho thogalaichean neo-dachaigheil, ach a-mhàin ma gheibhear gairm 999 a’ daingneachadh gu bheil teine ann
- Chan eil eisgeachd sam bith an sàs

15 -

- A h-uile AFA bho thogalaichean neo-dachaigheil, ach a-mhàin ma gheibhear gairm 999 a’ daingneachadh gu bheil teine ann
- Tha eisgeachdan an sàs airson seòrsaichean thogalaichean le àrd-ìre de riosg
- Tha PDA a rèir an àm den latha agus seòrsa togalaich

Chaidh dà bhuidhinn obrach a’ gabhail a-steach Buidheann Lèirmheas Luchd-obrach, a chumail san Dàmhair 2020, gus measadh agus sgòradh a dhèanamh air gach roghainn agus gus co-dhùnadh a dhèanamh a thaobh geàrr-liosta dheireannach.

Chithear na slatan-tomhais a chaidh a chleachdadh gus na roghainnean a thomhas agus a sgòradh agus làn thoraidhean bho na bùithtean-obrach air an làraich-lìn againn.

A' gheàrr-liosta mu dheireadh

Às dèidh measadh air na 15 roghainnean uile, chaidh còig dhiubh a thaghadh airson beachdachadh orra aig Bùth-obrach Measaidh Roghainnean aig Luchd-ùidh sa Ghearran 2021.

ROGHAINN	TOROIDHEAN
1	Na dèan dad - cùm ris an t-suidheachadh làithreach (Bun-loidhne gus coimeas a dhèanamh)
2	Freagairt eadar-amail COVID-19 – le aon phumpa anns a’ bhad. Tha eisgeachd aig toglaichean le riosg àrd
3	Dèan ceasnachadh gairm air gach AFA bho thogalaichean neo-dachaigheil. Cha tèid smàladairean a-mach, ma gheibhear a-mach tro cheasnachadh nach eil teine no comharraidhean teine ann. Cha bhi ceasnachadh gairm ann airson toglaichean le cunnart cadail agus gheibh iad an fhreagairt a leanas sa bhad:

	<ul style="list-style-type: none"> • Thèid PDA de dhà einnsean smàlaidh a chur gu dachaighean cùraim còmhnaidh aig àm sam bith den latha • Gheibh gach cunnart cadail PDA de aon einnsean smàlaidh eadar 0700 agus 1800 agus dà einnsean smàlaidh taobh a-muigh nan uairean sin
4	Dèan ceasnachadh gairm air gach AFA bho thogalaichean neo-dachaigheil. Cha tèid smàladairean a-mach, ma gheibhear a-mach tro cheasnachadh nach eil teine no comharraidhean teine ann. Chan eil eisgeachd sam bith ann bho cheasnachadh gairm (i.e. thèid ceasnachadh gairm a dhèanamh airson gach gairm AFA a gheibhear, ge b' e dè seòrsa togalach agus cò a tha a' gairm.)
5	<p>Cha bhithhear a' dol a-mach gu AFAn uile bho thogalaichean neo-dachaigheil, ach a-mhàin ma gheibhear gairm 999 a' daingneachadh gu bheil teine ann. Bithear daonnan a' dol a-mach gu toglaichean le cunnart cadail agus gheibh iad an fhreagairt a leanas sa bhad:</p> <ul style="list-style-type: none"> • Thèid PDA de dhà einnsean smàlaidh a chur gu dachaighean cùraim còmhnaidh aig àm sam bith den latha • Gheibh gach cunnart cadail PDA de aon einnsean smàlaidh eadar 0700 agus 1800 agus dà einnsean smàlaidh taobh a-muigh nan uairean sin

Bùth-obrach Measaidh Roghainnean aig Luchd-ùidh

Bha farsaingeachd de phrìomh luchd-ùidh an sàs sa Mheasadh Roghainnean a' gabhail a-steach riochdairean bho bhùird slàinte, oilthighean, sgoiltean, ùghdarrasan ionadail, an gnìomhachas teine, gnòthachasan eile agus an luchd-obrach againn fhèin. Chaidh an tachartas a chomasachadh gu neo-eisimeileach.

Chaidh iarraidh air com-pàirtichean ceisteachan a dhèanamh ron bhùth-obrach.

Aig a' bhùth-obrach, bheachdaich iad air agus sgòraich iad na còig roghainnean air a' gheàrr-liosta a thaobh cothromachadh nam buannachdan agus nan cunnartan.

Chaidh toraidhean a' mheasaidh agus an sgòraidh a chlàradh agus rinneadh lèirmheas orra gus sgòradh agus rangachadh iomlan a dhèanamh de na roghainnean, cho math ri bhith a' comharrachadh raointean air am bu chòir beachdachadh.

BUANANCHD

ROGHAINN	SGÒR IOMLAN	RANGACHADH IOMLAN
4	1346	1 a' bhuannachd as motha
5	1328	2
3	1042	3
2	804	4
1	300	5 a' bhuannachd as lugha

RIOSG

ROGHAINN	SGÒR IOMLAN	RANGACHADH IOMLAN
5	178	1

		an riosg as àirde
4	170	2
3	134	3
2	114	4
1	60	5 an riosg as ìsle

Gu h-aithghearr, fhuair an t-ath-sgrùdadh a-mach:

- Nach robh Roghainnean 1 agus 2 a’ toirt seachad buannachd shusbainteach dhan t-Seirbheis, agus gu dearbha, nach robh Roghainn 1 a’ toirt seachad buannachd sam bith dhan t-Seirbheis
- Chaidh a chomharrachadh gun robh a’ bhuanachd a bu mhotha aig Roghainnean 4 agus 5 a thaobh lùghdachadh ann an UFAS, ach gun robh an ìre riosg a b’ àirde aca cuideachd
- Bha Roghainn 3 sa mheadhan

A chionn ’s gun urrainn do Roghainnean 3, 4 agus 5 lùghdachadh susbainteach a thoirt air UFAS, is iad sin na trì roghainnean air a bheil sinn a’ co-chomhairleachadh. Bho seo a-mach, ’s e Roghainnean A, B is C a bhios aca orra seo.

Gheibhear an làn Mheasadh air Roghainnean air an làrach-lìn againn.

2.4 Anailis bhuanachdan is riosgan airson gach roghainn

Tha na roghainnean airson co-chomhairle phoblach, cho math ris na lùghdachaidhean UFAS thuairmsichte, mar a leanas:

Roghainn A - LÙGHdachadh 61%

- Dèan ceasnachadh gairm air gach AFA bho thogalaichean neo-dachaigheil, ach a-mhàin ma tha eisgeachd ann
- Cha tèid smàladairean a-mach, ma gheibhear a-mach tro cheasnachadh nach eil teine no comharraidhean teine ann
- Cha bhi ceasnachadh gairm ann airson toglaichean le cunnart cadail agus gheibh iad an fhreagairt a leanas sa bhad:
- Thèid PDA de dhà einnsean smàlaidh a chur gu dachaighean cùraim còmhnaidh aig àm sam bith den latha
- Gheibh gach cunnart cadail PDA de aon einnsean smàlaidh eadar 0700 agus 1800 agus dà einnsean smàlaidh taobh a-muigh nan uairean sin

Roghainn B - LÙGHdachadh 85%

- Dèan ceasnachadh gairm air gach AFA bho thogalaichean neo-dachaigheil
- Cha tèid smàladairean a-mach, ma gheibhear a-mach tro cheasnachadh nach eil teine no comharraidhean teine ann
- Chan eil eisgeachd sam bith ann bho cheasnachadh gairm (i.e. thèid ceasnachadh gairm a dhèanamh airson gach gairm AFA a gheibhear, ge b’ e dè seòrsa togalach agus cò a tha a’ gairm.)

Roghainn C - LÙGHdachadh 71%

- Cha bhithear a’ dol a-mach gu gach AFA bho thogalaichean neo-dachaigheil, ach a-mhàin ma gheibhear gairm 999 a’ daingneachadh gu bheil teine ann
- Bithear daonnan a’ dol a-mach gu toglaichean le cunnart cadail agus gheibh iad an fhreagairt a leanas sa bhad:

- Thèid PDA de dhà einnsean smàlaidh a chur gu dachaighean cùraim còmhnaidh aig àm sam bith den latha
- Gheibh gach cunnart cadail PDA de aon einnsean smàlaidh eadar 0700 agus 1800 agus dà einnsean smàlaidh taobh a-muigh nan uairean sin

ROGHAINN A

Nì an luchd-obrach Stiùireadh-obraichean againn ceasnachadh gairm air AFAn bho thogalaichean neo-dachaigheil. Cha tèid smàladairean a-mach, ma gheibhear a-mach tro cheasnachadh nach eil teine no comharraidhean teine ann. Cha tèid ceasnachadh gairm a dhèanamh aig seòrsaichean togalaich far a bheil sinn ag aithneachadh gum bi daoine a' cadal agus mar sin, gheibh iad an fhreagairt a leanas do AFAn sa bhad:

- Thèid PDA de dhà einnsean smàlaidh a chur gu dachaighean cùraim còmhnaidh aig àm sam bith den latha
- Gheibh gach cunnart cadail PDA de aon einnsean smàlaidh eadar 0700-1800 agus PDA de dhà einnsean smàlaidh taobh a-muigh nan uairean sin

Prìomh bhuannachdan

- Sàbhailteachd smàlaidh agus coimhearsnachd nas fheàrr tro bhith a' lùghdachadh tursan solas gorm
- Cothrom nas fheàrr air goireasan agus barrachd ùine airson fòcas a chuir air àrdachadh sgilean, trèanadh agus obair ro-chasg
- Cosgaisean freagairt nas ìsle
- Nas lugha de dh'èimiseanan bho na carbadan againn
- An ìre as ìsle de gach roghainn
- Freagairt fèin-obrachail ri AFAn far a bheil daoine nan cadal

Prìomh Riosgan

- Barrachd cunnart ann de mhilleadh togalaich
- Barrachd cunnart ann do dhaoine anns an togalach
- Barrachd cunnart ann do shàbhailteachd nan smàladairean
- Cron air cliù na seirbheis smàlaidh is teasairginn
- Duilgheadasan le trusadh agus glèidheadh RVDS

Cò ris a bhiodh lùghdachadh 61% coltach?

34,770 nas lugha de thursan solas gorm gach bliadhna.

22 tubaist carbaid nas lugha gach bliadhna

4 tubaistean pearsanta nas lugha gach bliadhna

8,683 uairean a thìde nas lugha de troimh-a-chèile

Lùghdachadh de 2,135,000 ann an cosgaisean cothrom gach bliadhna

351 TUNNAICHEAN nas lugha de sgaoilidhean carboin gach bliadhna

39,087 uairean a thìde a bharrachd aig smàladairean gus cleachdadh ann an dòigh nas tarbhaiche

ROGHAINN B

Nì an luchd-obrach Stiùireadh-obraichean againn ceasnachadh gairm air gach AFA bho thogalaichean neo-dachaigheil. Cha tèid smàladairean a-mach, ma gheibhear a-mach tro cheasnachadh nach eil teine no comharraidhean teine ann. Chan eil eisgeachd sam bith ann bho cheasnachadh gairm (i.e. thèid ceasnachadh gairm a dhèanamh airson gach gairm AFA a gheibhear, ge b' e dè seòrsa togalach agus cò a tha a' gairm).

Prìomh bhuannachdan

- Sàbhailteachd smàladairean agus coimhearsnachd nas fheàrr tro bhith a' lùghdachadh tursan solas gorm
- Cothrom nas fheàrr air goireasan agus barrachd ùine airson fòcas a chuir air àrdachadh sgilean, trèanadh agus obair ro-chasg
- Cosgaisean freagairt nas ìsle
- Nas lugha de dh'èimiseanan bho na carbadan againn
- An lùghdachadh as motha ann an làithreachd UFAS

Prìomh Riosgan

- Riosg nas àirde de mhilleadh togalaich an coimeas ri Roghainn A
- Barrachd cunnart do dhaoine anns an togalach an coimeas ri Roghainn A
- Barrachd cunnart ann do shàbhailteachd nan smàladairean an coimeas ri Roghainn A
- Cron air cliù na seirbheis smàlaidh is teasairginn
- Duilgheadasan le trusadh agus glèidheadh RVDS

Cò ris a bhiodh lùghdachadh 85% coltach?

14 tubaistean carbaid nas lugha gach bliadhna

6 tubaistean pearsanta nas lugha gach bliadhna

12,099 uairean a thìde nas lugha de throimh-a-chèile

48,450 nas lugha de thursan solas gorm gach bliadhna.

12,099 uairean a thìde nas lugha de throimh-a-chèile

Lùghdachadh de 2,975,000 ann an cosgaisean cothrom gach bliadhna

489 TUNNAICHEAN nas lugha de sgaoilidhean carboin gach bliadhna

54,466 uairean a thìde a bharrachd aig smàladairean gus cleachdadh ann an dòigh nas tarbhaiche

ROGHAINN C

Cha bhithear a' dol a-mach gu AFAn bho thogalaichean neo-dachaigheil. Innsidh an luchd-obrach OC dhan neach-gairm nach tèid sinn ann ach a-mhàin ma gheibhear gairm 999 cuideachd a' dearbhadh gu bheil teine, no comharraidhean teine ann. Bidh eisgeachd aig seòrsaichean togalaich far a bheil sinn ag aithneachadh gum bi daoine a' cadal agus mar sin, gheibh iad an fhreagairt a leanas do AFAn sa bhad:

- Thèid PDA de dhà einnsean smàlaidh a chur gu dachaighean cùraim còmhnaidh aig àm sam bith den latha
- Gheibh gach cunnart cadail eile PDA de aon einnsean smàlaidh eadar 0700-1800 agus dà einnsean smàlaidh taobh a-muigh nan uairean sin

Prìomh bhuannachdan

- Sàbhailteachd smàladairean agus coimhearsnachd nas fheàrr tro bhith a' lùghdachadh tursan solas gorm
- Cothrom nas fheàrr air goireasan agus barrachd ùine airson fòcas a chur air àrdachadh sgilean, trèanadh agus obair ro-chasg
- Cosgaisean freagairt nas ìsle
- Nas lugha de dh'èimiseanan bho na carbadan againn
- Freagairt fèin-obrachail do thogalaichean far a bheil daoine nan cadal

Prìomh Riosgan

- An cunnart as motha de mhilleadh togalaich
- An cunnart as motha do dhaoine anns an togalach
- An cunnart as motha do shàbhailteachd nan smàladairean
- Cron air cliù na seirbheis smàlaidh is teasairginn
- Duilgheadasan le trusadh agus glèidheadh RVDS.

Cò ris a bhiodh lùghdachadh 71% coltach?

40,470 nas lugha de thursan solas gorm gach bliadhna.

26 tubaistean carbaid nas lugha gach bliadhna

5 tubaistean pearsanta nas lugha gach bliadhna

10,107 uairean a thìde nas lugha de throimh-a-chèile

Lùghdachadh de £2,975,000 ann an cosgaisean cothrom gach bliadhna

408 TUNNAICHEAN nas lugha de sgaoilidhean carboin gach bliadhna

45,495 uairean a thìde a bharrachd aig smàladairean gus cleachdadh ann an dòigh nas tarbhaiche

A' lasachadh nan riosgan

Tha sinn ag aithneachadh gu bheil eileamaid de riosg agus de mhì-chinnt an lùib nan roghainnean uile mu bheil sinn a' co-chomhairleachadh, agus le bhith a' beachdachadh air na prìomh chunnartan san sgrìobhainn seo, tha cothrom againn coimhead air factaran lasachaidh agus smachdan a mhìneachadh a tha sinn a' creidsinn a chuireas bacadh air na cunnartan.

Prìomh riosgan	Ceuman a ghabhas sinn gus riosg sam bith a lasachadh
Barrachd cunnart ann de mhilleadh togalaich	<ul style="list-style-type: none"> • Chan eil teintean ann ach aig glè bheag de AFAn - tha teine ann airson mu 2% dhiubh agus tha a' mhòr-chuid dhiubh sin mùchte mar-thà nuair a ruigeas sinn, no feumach air glè bheag de dh'eadar-teachd bhon t-Seirbheis. Cumaidh sinn sùil air na figearan sin gus dèanamh cinnteach nach fhaic sinn barrachd cron air toglaichean mar thoradh air an atharrachadh san dòigh-fhreagairt againn. • Obrachaidh sinn le luchd-dleistanais gus comhairle agus stiùireadh a thoirt seachad. Bidh seo a' gabhail a-steach a bhith a' toirt seachad comhairle air dìon teine, falamhachadh teine agus air cho cudromach 's a tha e a bhith a' cur gairm gu SFRS gu luath, ma thèid teine a dhaingneachadh. • Nì sinn cinnteach gun tèid pròiseas a' cheasnachaidh ghairm a chruthachadh gus na ceistean as iomchaidh a chur air an neach a tha air fònachadh gus faighinn a-mach a bheil an AFA na theine dearbhte. Dèiligear ri gach gairm a gheibhear far an tèid dearbhadh gu bheil teine ann a chomharrachadh mar phrìomhachas agus cha bu chòir dàil shusbainteach a bhith ann a bhith a' cur einnseanan-smàlaidh a-mach.
Barrachd cunnart ann do dhaoine anns an togalach	<ul style="list-style-type: none"> • Tha glè bheag de bhàsan/droch leòntan ceangailte ri AFAn – nas lugha na 2% de na bàsan/droch leòntan teine uile. Cumaidh sinn sùil air na figearan sin gus dèanamh cinnteach nach fhaic sinn àrdachadh san riosg do dhaoine mar thoradh air an atharrachadh san dòigh-fhreagairt againn. • Tha an cunnart as motha do dhaoine nuair a tha iad a' cadal. Tha eisgeachd aig na toglaichean seo fo Roghainnean A agus C agus mar sin, gheibheadh iad freagairt gu fèin-obrachail fhathast. • Airson Roghainn B, bhiomaid a' dèanamh sgrùdadh agus deuchainnean air toglaichean gu tric far a bheil cunnart cadail ann tron fhrèam gnìomhachaidh sàbhailteachd teine againn.

<p>Barrachd cunnart ann a thaobh sàbhailteachd nan smàladairean ma bhios aca ri dèiligeadh ri teine nas leasaichte</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Nì trèanadh sgilean leantainneach cinnteach gun urrainn do smàladairean dèiligeadh ri teine nas leasaichte gu sàbhailte, comasach agus èifeachdach. • Cumaidh sinn sùil air agus nì sinn sgrùdadh air tachartasan, gus dèanamh cinnteach gun ionnsaich sinn leasan sam bith bhuapa agus gun dèanar leasachaidhean ann an sàbhailteachd nan smàladairean. • Sheall an lèirmheas bho chionn ghoirid air an fhreagairt eadar-amail aig àm COVID-19 nach robh cunnart a bharrachd ann do shàbhailteachd nan smàladairean ri linn freagairt lùghdaichte do AFAn. • Stèidhichte air staitistig tubaist is leòntan charbadan co-cheangailte ri bhith a’ frithealadh UFAS, dh’fhaodadh argamaid a dhèanamh gu bheil cunnart rathaid bho thursan solas gorm neo-riatanach nas motha na an cunnart do smàladairean bho theintean nas leasaichte air sgàth gin de na roghainnean a tha san amharc.
<p>Cron air cliù na seirbheis smàlaidh is teasairginn</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Nì sinn cinnteach gun toir an co-dhùnadh mu dheireadh againn feart air beachdan an luchd-ùidh againn agus draghan susbainteach sam bith a th’ aca. • Nithear atharrachadh sam bith a chuireas sinn an gnìomh às dèidh co-chomhairleachadh tro dhòigh-obrach a bhios air a phlanadh agus air a riaghladh gu faiceallach, a bhios a’ gabhail a-steach a bhith ag obair le luchd-ùidh a dh’fhaodadh a bhith fo bhuaidh dhìreach, gus dèanamh cinnteach gu bheil iad deiseil airson atharrachadh sam bith a nì sinn.
<p>Duilgheadasan le trusadh agus glèidheadh RVDS</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Ged a dh’fhaodadh nas lugha de ghairmean a-mach buaidh a thoirt air luchd-obrach RVDS a bhios air am pàigheadh airson gach gairm a bhios iad a’ frithealadh, tha dleasan eile ann a dh’fhaodadh iad gabhail os làimh le comas-lìbhrigidh sam bith a bharrachd a thèid a chruthachadh. Tha luchd-obrach an sàs anns a’ phròiseas co-dhùnaidh. • Thathar a’ beachdachadh air modailean pàighidh diofraichte san fhad-ùine tro Phròiseact Ro-innleachd RVDS. • Dh’fhaodadh gum bi nas lugha de ghairmean UFAS na chuideachadh a thaobh cùisean glèidheadh agus fastaidh RVDS, mar thoradh air lùghdachadh air na brisidhean dhan phrìomh obair aca agus cothromachadh beatha/obrach nas fheàrr.

Dè tha ceasnachadh gairm (*call challenge*) a’ ciallachadh?

Mar as trice gheibh sinn gairmean AFA bho chuideigin aig an togalach a’ cur fòn gu 999, ach bidh cuid a’ tighinn bho Ionadan Sgrùdaidh nan Alarm (ARCan), a bhios a’ cumail sùil air siostaman alarm nan custamairean aca agus a’ toirt rabhadh dhuinn gach turas a thèid alarm dheth.

’S e fear de na dòighean as fheàrr anns an urrainn do SRFS obrachadh a-mach am bu chòir dhaibh freagairt air gairm bho AFA a bhith a’ bruidhinn ris an neach a rinn a’ ghairm.

Tha seo a’ toirt cothrom dhan luchd-obrach OC againn ceistean buntainneach a chur, agus an uair sin, ma tha e deatamach, an àireamh iomchaidh de dh’einneanan smàlaidh a chur gu beatha a shàbhaladh agus seilbh a dhìon. ’S e ‘ceasnachadh gairm’ no ‘call challenge’ a chanar ri seo agus tha e air a mholadh fo Roghainnean A is B.

'S e am prìomh adhbhar airson ceasnachadh gairm obrachadh a-mach a bheil teine anns an togalach. Aig an àm seo, tha an dleastanas laghail seo aig an neach-dleastanais, ach tha e air a bhith na chleachdadh gun robh an sgrùdadh seo ga dhèanamh le criuthan teine.

Bidh an luchd-obrach OC againn ag iarraidh tòrr fiosrachaidh bho daoine a tha a' fònach thuca mar-thà, is mar sin, cha toir am fiosrachadh a bharrachd a bhios a dhìth fo na roghainnean seo buaidh shusbainteach air faid nan gairmean.

Tha geàrr-chunntas de phròiseas nan 'ceasnachadh gairm' gu h-ìosal. Tha cunntas nas mionaidich air mar a dh'obraicheas seo ri fhaicinn air an làraich-lìn againn.

Nì luchd-obrach OC na co-dhùnaidhean iomchaidh leis an fhiosrachadh a tha ri fhaighinn agus bi saorsa daonnan aca an ìre freagairt atharrachadh.

1. Gairm a' tighinn a-steach

Is urrainn dhan ghairm seo tighinn à diofar àiteachan, a' gabhail a-steach:

- a. Gairm dhìreach bhon togalach
- b. Gairm air astar bho thaobh a-muigh an togalach
- c. Aonad Sgrùdaidh nan Alarm - is dòcha gun tèid iarraidh orra sgrùdadh a dhèanamh fhad 's a thèid a' gairm a chumail fad 20 mionaid

2. Fiosrachadh air cruinneachadh

Thèid ceasnachadh gairm a dhèanamh.

Gheibh seo a-mach dè an t-adhbhar as buailtiche airson an alairm

3. Freagairt iomchaidh air a cur air dòigh

Ma tha feum air, thèid goireasan a chur a-mach a' cleachdadh dòigh-obrach stèidhichte air riosg gus dèanamh cinnteach gum bi freagairt iomchaidh ann nuair a tha seo a dhìth.

Dè na h-eisgeachdan?

Fo Roghainnean A is C, tha sinn a' moladh cumail oirnn a bhith a' cur àireamh iomchaidh de dh'einneanan smàlaidh chun a h-uile gairm AFA a gheibh sinn bho sheòrsaichean thogalaichean a tha aithnichte mar àiteachan far a bheil àiteachan caidil ann, mar sin a' dèanamh cinnteach gum bi freagairt co-rèireach ri AFAn ann, stèidhichte air cunnart beatha.

Bidh eisgeachd aig toglaichean den t-seòrsa a leanas far a bheil cunnart cadail ann agus gheibh iad freagairt anns a' bhad gus adhbhar an AFA obrachadh a-mach.

Seòrsa togalaich ris nach buin seo	Àireamh de dh'einneanan smàlaidh a thèid a chur thuca airson ADA	Adhbhar na freagairt
Dachaigh Cùraim • Dachaigh Cùraim/Nursaidh Còmhnaidh	Thèid PDA de dhà einnean smàlaidh a chur ann aig àm sam bith den latha	Tha na daoine as so-leònte anns na coimhearsnachdan againn a' fuireach ann an

<ul style="list-style-type: none"> • Dachaigh Chloinne • Dachaigh Cluainneas/Sheann Daoine • Còmhnaidh Dideanach - chan ann ann an ionadan fa leth • Dachaigh Còmhnaidh eile 		<p>Dachaighean Cùraim. Tha dealbhadh is dòigh-thogail thogalaichean, àireamhan luchd-obrach/ luchd-còmhnaidh agus nàdar nan dachaighean cùraim a' ciallachadh gu bheil na seòrsaichean togalaich seo aig an ìre as motha de chunnart do bheatha bho theine. 'S ann air an adhbhar seo a bhios dà einnsean smàlaidh daonnan a' dol ann.</p>
<ul style="list-style-type: none"> • Taigh-còmhnaidh/Leabaidh is Breacaist airson daoine gun dachaigh/luchd-siridh comraich • Taigh-còmhnaidh/Leabaidh is Breacaist eile • Àiteachan fuirich ann an Sgoiltean-còmhnaidh • Ospadal • Priosan • Talla-còmhnaidh Oileanaich • Ostail Òigridh • An t-Arm/Taigh-feachdan • Manachainn/taigh-cràbhaidh • Ostail (m.e. airson daoine gun dachaigh) • Taigh-òsta/Motel • Àite-còmhnaidh do Dotairean/luchd-altraim • Àite-còmhnaidh làithean-saora eile (taigh, flat, chalet) • Institiuid nan Ciontach Òga <p style="text-align: center;">PDA de aon einnsean smàlaidh eadar 0700 agus 1800.</p>	<p>PDA de aon einnsean smàlaidh eadar 0700-1800 agus dà einnsean smàlaidh taobh a-muigh nan uairean sin</p>	<p>Tha an fhreagairt do na togalaichean sin - aig a bheil eisgeachd - stèidhichte air luchd-obrach le trèanadh iomchaidh a bhith an làthair gus falamhachadh teine a riaghladh agus adhbhar an AFA a sgrùdadh, a' dèanamh cinnteach gu bheil freagairt iomchaidh air a chumail suas air an oidhche nuair a tha daoine nan cadal.</p>

3. Dè do beachd?

CEISTEAN

1. Gus ar cuideachadh le bhith a' sgrùdadh nam beachdan uile, innis dhuinn a bheil thu a' freagairt mar:

bhall a' phobaill	
neach-obrach làn-ùine is taice aig SFRS	
neach-obrach RVDS	
fastaiche glèidhte	
buidheann coimhearsnachd	
buidheann shaor-thoileach	
ùghdarras ionadail	
buidheann seirbheisean èiginn	
buidheann san roinn phoblaich	

Ma tha thu a' freagairt às leth buidhne, no mar neach-fastaidh glèidhte, cuir a-steach ainm na buidhne agad:

.....

Ma tha thu a' freagairt mar neach fa leth, thoirt dhuinn a' chiad phàirt den chòd-phuist agad m.e. G77, EH1:

.....

Tagh do bheachd air na h-aithrisean seo:	ag eas-aontachadh gu mòr	chan eil mi ag aontachadh	neodrach	aontaich	ag aontachadh gu mòr
2. Tha an àireamh de UFAS a bhios sinn a' frithealadh ann an Alba na dhuilgheadas air am feumar aghaidh a chur an-dràsta.					
3. Gus a' bhuaidh aig UFAS a lùghdachadh, bu chòir dhuinn sgar a bhith a' cur einnseanan smàlaidh gu AFAn ach a-mhàin ma tha teine dearbhte ann no airson àite a tha air liosta nan eisgeachdan.					
4. Tha na eisgeachdan a thathar a' moladh airson ROGHAINN A agus ROGHAINN					

C nam freagairt cho-rèireach do ghairmean AFA stèidhichte air riosg.					
5. An robh thu a' faireachdainn gun robh fiosrachadh gu leòr san sgrìobhainn co-chomhairle seo gus an urrainn dhut freagairt fhiosraichte a thoirt dhuinn?					

6. Cuir gach ROGHAINN bhon roinn as fheàrr leat (1) dhan roghainn as ìsle agad (3)

	Rangachadh
<p>C Dèan ceasnachadh gairm air gach AFA. Cha tèid smàladairean a-mach, ma gheibhear a-mach tro cheasnachadh nach eil teine no comharraidhean teine ann. Tha eisgeachd aig toglaichean le cunnart cadail agus gheibh iad PDA a rèir an seòrsa togalaich agus àm an latha.</p>	
<p>B Dèan ceasnachadh gairm air gach AFA. Cha tèid smàladairean a-mach, ma gheibhear a-mach tro cheasnachadh nach eil teine no comharraidhean teine ann. Cha bhi eisgeachd sam bith ann bho cheasnachadh gairm.</p>	
<p>C Cha bhithear a' dol a-mach gu AFAn ach a-mhàin ma gheibhear gairm 999 a' daingneachadh gu bheil teine no comharraidhean teine ann. Tha eisgeachd aig toglaichean le cunnart cadail agus gheibh iad PDA a rèir an t-seòrsa togalaich agus àm an latha</p>	

7. Am bu toil leat roghainn sam bith eile a chur air adhart airson beachdachadh air?

.....

8. Dè eile a b' urrainn dhuinn a bhith air toirt seachad no air dèanamh gus dèanamh cinnteach gun robh e furasta dhut freagairt a chur a-steach dhan cho-chomhairle?

.....

9. A bheil beachd sam bith eile agad?

.....

FOIRM MEASADH CO-IONANNACHD

Bu toil leinn ceist do dhà eile fhaighneachd mu do dheidhinn. A chionn 's gu bheil dleastanas oirnn na feumalachdan aig daoine anns na coimhearsnachdan eadar-mheasgaichte againn a choileanadh, bhiodh e na chuideachadh dhuinn fios a bhith againn air an fharsaingeachd de dhaoine a thug beachdan dhuinn.

Faodaidh sinn cuideachd sgrùdadh a chleachdadh gus faighinn a-mach a bheil na seirbheisean againn ruigsinneach, a bheil buaidh mì-chuimseach, neo-chothromach, no adhartach aig na poileasaidhean againn air buidhnean sònraichte agus a bheil buill de na buidhnean sin riarachaidhean leis an t-seirbheis a tha iad a' faighinn. Tha an earrann seo roghainneil. Thèid freagairt sam bith a bheir thu dhuinn a chleachdadh ann an cruth gun urra.

1 D' aois

- ... Fo aois 16
- ... 16-25
- ... 26-40
- ... 41-55
- ... 56-70
- ... Nas sine na 70
- ... B' fheàrr leam gun a ràdh

2 Do ghnè

- ... Boireannach
- ... Fireannach
- ... B' fheàrr leam gun a ràdh

3 Tar-ghnèitheach - a bheil thu den bheachd gu bheil thu tar-ghnèitheach no gu bheil eachdraidh thar-ghnèitheach agad?

- ... Tha
- ... Chan eil
- ... B' fheàrr leam gun a ràdh

4 Do thaobhadh feise

- ... Iol-ghnèitheach (*heterosexual*)
- ... Gàidh/Leasbach
- ... Dà-sheòrsach
- ... B' fheàrr leam gun a ràdh

5 Ciorram

- A bheil gin de na rudan ort a tha air mairsinn, no a tha thu an dùil gum mair iad, co-dhiù 12 mìos?
- ... Buidhre no call claisneachd gu ìre
- ... Doille no call fradhairc gu ìre
- ... Call do ghuth gu h-iomlan no gu ìre no duilgheadas labhairt (suidheachadh far am feum thu uidheamachd a chleachdadh airson bruidhinn)
- ... Ciorram ionnsachaidh (suidheachadh slàinte a bha ort bho bha thu òg a bheir buaidh air an dòigh anns am bi thu ag ionnsachadh, a' tuigsinn fiosrachadh agus a' conaltradh)
- ... Duilgheadas ionnsachaidh (suidheachadh ionnsachaidh sònraichte a bheir buaidh air an dòigh anns am bi thu ag ionnsachadh agus a' pròiseasadh fiosrachadh)
- ... Mì-rian leasachaidh (suidheachadh a tha air a bhith agad bho bha thu nad leanabh a bheir buaidh air sgilean motair, inntinn, sòisealta agus faireachail agus air cainnt is cànan)

... Ciorram corporra (suidheachadh slàinte a tha gu mòr a' cuingealachadh aon no barrachd de na gnìomhan corporra bunaitich agad, mar eisimpleir, a' coiseachd, a' dol suas an staidhre, a' togail no a' giùlan rudan)

... Suidheachadh slàinte-inntinn (suidheachadh a bheir buaidh air an t-sunnd fhaireachail, chorporra agus inntinneil agad)

... Tinneas, galar no suidheachadh fad-ùine (suidheachadh, nach eil air a liostadh gu h-àrd, a dh'fhaodadh a bhith ort fad do bheatha a dh'fhaodadh a bhith air a riaghladh le leigheas no cungaidh-leighis)

... Tinneas/suidheachadh slàinte eile

... Chan eil tinneas/suidheachadh slàinte sam bith orm

... B' fheàrr leam gun a ràdh

6 Dleastanasan cùraim

A bheil thu a' coimhead às dèidh, no a' toirt taic no cuideachadh do bhuill den teaghlach, caraidean, nàbaidhean no daoine eile air sgàth an dàrna cuid: droch shlàinte chorporra leantainneach / droch shlàinte inntinn leantainneach / ciorram; no duilgheadasan co-cheangailte ri seann aois?

... Tha - neach-cùraim gun phàigheadh, làn-ùine

... Tha - neach-cùraim gun phàigheadh, pàirt-ùine

... Chan eil

... B' fheàrr leam gun a ràdh

7 Fo chùram/ air a bhith fo chùram

Tha fo chùram/air a bhith fo chùram a' ciallachadh gu bheil no gun robh ùghdarras ionadail a' coimhead às do dhèidh gu foirmeil, ann an dachaigh an teaghlaich (le taic bho sheirbheisean sòisealta no neach-obrach sòisealta) no ann an àite eile, mar eisimpleir, ann an cùram daltachd, cùram còmhnaidheach/tèarainte, no cùram luchd-dàimh (le caraidean teaghlaich no càirdean) agus chan eil thu air do 26mh ceann-bliadhna a ruighinn. A bheil thu no a bheil thu air a bhith fo chùram.

... Tha

... Chan eil

... B' fheàrr leam gun a ràdh

8 Cinneadh - dè an cinneadh a th' agad?

Tagh aon rud a-mhàin:

A. Geal

... Albannach

... Breatannach eile

... Èireannach

... Siopsach / Neach-siubhail

... Pòlainneach

... Ròma

... Neach-càrnabhail

... Cinneadh geal eile (sgrìobh a-steach gu h-ìosal):

B. Iomadh cinneadh no cinnidhean measgaichte

... Iomadh cinneadh no cinnidhean measgaichte sam bith

... (Sgrìobh gu h-ìosal)

C. Àisianach, Àisianach Albannach no Àisianach Breatannach

... Pagastànach, Pagastànach Albannach no Pagastànach Breatannach

... Innseanach, Innseanach Albannach no Innseanach Breatannach

... Bangladaiseach, Bangladaiseach Albannach no
... Bangladaiseach Breatannach
... Sìneach, Sìneach Albannach no Sìneach Breatannach
... Cinneadh geal eile (sgrìobh a-steach gu h-ìosal):

D. Afraganach, Afraganach Albannach no Afraganach Breatannach
... Afraganach, Afraganach Albannach no Afraganach Breatannach (sgrìobh a-steach gu h-ìosal - mar eisimpleir, NIGERIAN, SOMALI):

E. Caribbeanach no Dubh
... Caribbeanach no Dubh (sgrìobh a-steach gu h-ìosal, CARRIBEANACH ALBANNACH, ALBANNACH DUBH)

F. Cinneadh eile
... Arabach, Arabach Albannach no Arabach Breatannach
Eile, sgrìobh a-steach (Mar eisimpleir, SIKH, IÙDHACH)

G. B' fheàrr leam gun a ràdh
...

9. Creideimh no Feallsanachd
... Chan eil gin
... B' fheàrr leam gun a ràdh
... Eaglais na h-Alba
... Caitligeach
... Crìosdaidh eile, (sgrìobh a-staigh buidheann gu h-ìosal)
... Muslamach (sgrìobh a-steach buidheann gu h-ìosal)
... Sikh
... Hindeach
... Iùdhach
... Budach
... Creideamh no buidheann eile, sgrìobh a-steach gu h-ìosal:

Mar a ghabhas tu pàirt

Bu toil leinn a h-uile duine a bhrosnachadh gus pàirt a ghabhail sa cho-chomhairle agus gus na beachdan aca a chur air adhart air na roghainnean airson a bhith ag atharrachadh na freagairt againn do thachartasan UFAS.

Gheibhear an suirbhidh air-loidhne air an làrach-lìn againn: www.firescotland.gov.uk

Faodar freagairtean a chur gu SFRS tron phost-d: UFASConsultation@firescotland.gov.uk

Tron phost:

FREEPOST, SFRS Communications, Scottish Fire and Rescue Service, Westburn Drive, Camas Long/Cambuslang, G72 7NA

Nam bu toil leat barrachd fiosrachaidh, no ma tha feum agad air an sgrìobhainn seo ann an cruth eadar-dhealaichte, cuir post-d thugainn aig SFRS.UFASConsultation@firescotland.gov.uk

Nam bu toil leat am fios as ùire fhaighinn air seo agus air co-chomhairlean eile bhon SFRS, faic an làrach-lìn againn.

Na h-ath cheuman

Thig a' cho-chomhairle phoblach gu crìch air 11 Dàmhair. Thèid na beachdan uile a gheibhear a chruinneachadh agus nithear anailis orra.

Thèid làn aithisg a sgrìobhadh le moladh airson na roghainn as fheàrr airson freagairt ri AFAn ann an Alba agus bidh seo na phàirt den tagradh do bhòrd SFRS san Dùbhlachd.

Bidh sinn an uair sin an dùil tòiseachadh air atharrachadh sam bith a chur an sàs tràth ann an 2022. Nithear seo tro dhòigh-obrach a bhios air a phlanadh agus air a riaghladh gu faiceallach, a bhios a' gabhail a-steach a bhith ag obair le luchd-ùidh a tha fo bhuaidh dhìreach bho atharrachadh sam bith a nì sinn.

LIOSTA BRIATHRACHAIS

TEIRM	CIALL
Achd Teine (Alba) 2005	Tha Achd Teine (Alba) 2005 a’ dèiligeadh ris an lagha a thaobh ro-chasg air teine, agus obrachadh Seirbheis Smàlaidh agus Teasairginn na h-Alba. Tha Pàirt 3 den Achd a’ mìneachadh nan dleasan sàbhailteachd teine aig luchd-fastaidh, luchd-obrach, sealbhadairean agus daoine eile a thaobh sàbhailteachd teine san àite-obrach.
Alarm Teine Fèin-obrachail (Automatic Fire Alarm - AFA)	Tha Alarm Teine Fèin-obrachail (AFA) na shiostam a bhios a’ toirt rabhadh do dhaoine nuair thèid smùid, teine no factaran teine eile aithneachadh. Faodar na h-alarman sin a gnìomhachadh gu fèin-obrachail bho lorgairean ceò agus lorgairean teas, no faodaidh iad a bhith air an gnìomhachadh tro innealan gnìomhachaidh teine làimhe leithid puingean gairm glainne a bhriseas tu.
Bòrd Seirbheis Smàlaidh agus Teasairginn na h-Alba	Tha Bòrd SFRS a’ dèanamh cinnteach gu bheil riaghladh agus stiùireadh ionmhais èifeachdach aig an SFRS taobh a-staigh co-theacsa libhrigidh agus ath-leasachadh seirbheisean poblach a chùim sàbhailteachd agus sunnd muinntir na h-Alba.
Einnsean Smàlaidh	Carbad rathaid trom a bhios a’ toirt smàladairean agus uidheamachd do theine no suidheachadh èiginn eile.
Frithealadh Ro-shuidhichte (Pre-Determined Attendance - PDA)	Faodar na tachartasan a bhios SFRS a' frithealadh a sheòrsachadh - mar eisimpleir, teintean, stuthan cunnartach agus tubaistean trafaig rathaid is msaa. Airson gach seòrsa tachartais tha an SFRS air obrachadh a-mach ro-làimh de na goireasan a dh'fheumas a bhith air an cur ann. Tha seo a’ gabhail a-steach co-dhùnadh air àireamh nan einnseanan smàlaidh, acainn shònraichte agus sgiobaidhean speisealach. Is e Frithealadh Ro-shuidhichte (PDA) a chanar ri seo.
Ionad Sgrùdaidh nan Alarm (Alarm Receiving Centre - ARC)	Tha Aonad Sgrùdaidh nan Alarm (ARC) na ionad sgrùdaidh a tha fosgailte le luchd-obrach ann 24 uairean a thìde gach latha agus 365 latha sa bhliadhna. Bidh na sgiobaidhean a tha ag obair ann an ARCan a’ cumail sùil air farsaingeachd de shiostaman, a’ gabhail a-steach alarman teine agus alarman foghail, siostaman airson sùil a chumail air seann daoine agus camarathan CCTV. Cho luath 's a thèid siognail gnìomhachaidh a chur gu ionad sgrùdaidh, mar eisimpleir alarm teine a’ dol dheth, bidh an sgioba sgrùdaidh a’ coimhead gu faiceallach tro ghnìomhachaidhean alairm gus faighinn a-mach de an fheadhainn a tha fallsa agus de na h-alarman far a bheil seirbheisean èiginn a dhìth. Ma tha fìor shuidheachadh èiginn ann, cuiridh an sgioba ARC fios do na seirbheisean èiginn iomchaidh às leth nan cliantan aca.
Leantainneachd Gnìomhachais	Pròiseas a tha a’ mìneachadh na buaidh a dh'fhaodadh a bhith aig suidheachaidhean mòr-thubaist, a’ cruthachadh phoileasaidhean gus dèiligeadh ri seo agus a’ cuideachadh buidheann gus a dhol am feabhas gu luath gus an urrainn dhi obrachadh mar as àbhaist.

<p>Luchd-obrach Glèidhte agus Saor-thoileach (Retained and Volunteer Duty Staff - RVDS)</p>	<p>Tha Luchd-obrach Glèidhte agus Saor-thoileach nan smàladairean proifeiseanta. Dh'fhaodte gum bi obair làn-ùine aca taobh a-muigh na seirbheis, ach bidh iad a' freagairt gairmean èiginn taobh a-staigh na sgìre ionadail aca nuair a bhios seo a dhìth. Bithear ag iarraidh orra an aon raon farsaing de sheirbheisean èiginn a libhrigeadh ri luchd-smàlaidh làn-ùine mar eisimpleir: teintean, tuiltean, tubaistean rathaid, dòrtadh cheimigean agus barrachd. Bidh iad cuideachd a' brosnachadh teachdaireachdan sàbhailteachd teine, cho math ri bhith a' dèanamh tadhalan sàbhailteachd teine an-asgaidh anns na coimhearsnachdan aca. Nuair a dh'fheumas iad freagairt air gairm èiginneach, thèid RVDS a ghairm chun an stèisein smàlaidh le pèidsear-rèidio. Feumaidh iad a bhith a' fuireach no ag obair faisg air an stèisean smàlaidh aca gus an urrainn dhaibh freagairt air suidheachaidhean èiginn taobh a-staigh àm iomchaidh. Mar as trice, tha RVDS air am fastadh ann an sgìrean dùthchail no bailtean beaga.</p>
<p>Luchd-obrach Stiùireadh-obraichean (Operations Control - OC)</p>	<p>Bidh an luchd-obrach OC againn a' dèiligeadh ris na gairmean èiginn uile aig SFRS. Tha obair ro-chudromach aig luchd-obrach OC agus tha trèanadh aca dèiligeadh ri gairm 999 sam bith a gheibh iad, bho theine dachaigh gu droch thubaist rathaid no teasairginn bearraidh Bidh luchd-obrach OC a' cuideachadh daoine air a' fòn gus comharrachadh gu dìreach far a bheil iad, a' toirt comhairle sàbhailteachd teine do dhaoine a dh'fhaodadh a bhith glacte am broinn togalach a tha na smàl agus cumaidh iad orra a' toirt taic is comhairle dhaibh gus an ruig an luchd-smàlaidh an sealladh. Tha trèanadh aca ann a bhith a' dèiligeadh ri tachartasan eile cuideachd, a' gabhail a-steach tachartasan ceimigeach, rèididheachd, bith-eòlasach agus niuclasach. Nuair a gheibh luchd-obrach OC gairm, nì iad measadh air suidheachadh an neach-gairm agus an uair sin, cuiridh iad einnsean(an) smàlaidh dhan tachartas. Tha luchd-obrach OC an uair sin an urra ri feumalachdan nan smàladairean le bhith a' cur barrachd ghoireasan thuca ma bhios seo a dhìth, a' cur sgiobaidhean faochaidh air dòigh, a' conaltradh le buidhnean eile agus a' toirt seachad fiosrachadh obrachaidh cudromach tro gach tachartas.</p>
<p>Neach-dleastanais (Duty Holder)</p>	<p>An neach air a bheil dleastanas laghail sùil a chumail air sàbhailteachd teine airson a' ghnothachais air fad. Mar as trice, seo an neach-fastaidh, an sealbhadair no an neach a tha a' fuireach ann agus mar as trice tha na dleastanasan aca a' gabhail a-steach a bhith a' dèanamh measadh riosgan teine den togalach.</p>
<p>Sgioba Ceannais Ro-innleachdail</p>	<p>Stèidhichte ann an Camas Lang, tha an Sgioba Ceannais Ro-innleachdail (<i>Strategic Leadership Team</i> - SLT) an urra ri bhith a' libhrigeadh Seirbheis Smàlaidh agus Teasairginn na h-Alba às leth a' Bhùird.</p>
<p>Siognailean alairm nach eilear ag iarraidh (Unwanted Fire Alarm Signal - UFAS)</p>	<p>Nuair a gheibhear gairm mar thoradh air AFA san àite obrach nach deach adhbharachadh le teine, ris an fhreagair an SFRS, - chanar Siognailean alairm nach eilear ag iarraidh riutha (UFAS).</p>

firescotland.gov.uk

A' lughdachadh siognailean alairm nach eilear ag iarraidh

Co-chomhairle air roghainnean airson a bhith a' freagairt air alarman teine fèin-obrachail

Tionndadh 2 - An t-luchar 2021